

MISE

...AGUS MO DHREUCHDAN

ÀS2:1



AONAD ÅS2:1

Anns an aonad seo, bidh thu:


- a' leasachadh nan sgilean èisteachd agus nan sgilean leughaidh agad tro dhiofar theacsainchean ficsean agus fiosrachail agus tro ghoireasan air-loidhne (bhidiathan is eile).
- a' sgrùdadadh agus a' measadh bàrdachd agus rosg.
- a' cruthachadh nam pòsan sgrìobhaidh a leanas:

Profaidhl-obrach dhut fhèin
Blog mu obair anns na h-Eileanan
Litir airson iarrtas-obrach
Cunntas-beatha air do shon fhèin
Pìos dràma goirid mu obair an iasgaich
Postair cànan/ gràmair

- a' leasachadh do sgilean labhairt le mòran chothroman airson còmhchradh sa chlas agus ann am buidhnean beaga (mar eisimpleir, ann an càraidean). Nì thu ullachadh airson agallamh-obrach, agus nas fhaide air adhart san aonad, taisbeanadh air neach as aithne dhut le obair chudromach agus/no inntinneach.
- a' dèanamh obair rannsachaidh air a' Chlò Hearach.
- a' cur barrachd eòlais air grunn dhaoine a tha ainmeil ann an cultar nan Gàidheal.

Bidh thu cuideachd a' leasachadh d' eòlas air gràmar agus sgilean cànan agus bidh eòlas nas fheàrr agad air:

- Mar a bhios tu a' cleachdadadh 'S urrainn/ Chan urrainn anns a' Ghàidhlig.
- Mar a bhios an tràth caithte ga chur ri chèile.
- Mar a bhios tu a' cleachdadadh nam/nad.



Hallo, a charaid!

Dè an obair a bu toigh leat a dhèanamh nuair a dh'fhàgas tu an sgoil?

Tha iomadh slighe ann gu saoghal na h-obrach..., oilthigh, colaiste, preantasachd, an t-arm is eile - agus tha an cothrom ann do Ghàidhlig a chur gu feum anns a h-uile roinn cuideachd. Tha dà-chànanachas na bhuannachd do mhòran agus bidh sinn a' coinneachadh ri Gàidheil a rinn adhartas anns an t-saoghal mhòr.

Tha mòran obraichean agus dhreuchdan ceangailte ri cultar nan Gàidheal cuideachd, feadhainn nach eil cho ainmeil an-diugh, ach cuideachd feadhainn a tha fhathast glè chudromach do dh'eaconamaidh na Gàidhealtachd agus nan Eilean. Nì thu sgrùdadadh air litreachas a tha ceangailte ri obraichean traidiseanta agus obraichean an latha an-diugh cuideachd.

Bidh an cothrom agaibh ionnsachadh mu sgilean-obrach cuideachd - mar a nithear cunntas-beatha, mar a chuireas tu a-steach freagairt do shanas-obrach agus na bu chòir dhut a dhèanamh ann an agallamh. Cuidichidh seo thu gus obair samhraidh fhaighinn anns na h-eileanan (uill, tha sinn an dòchas!)

Goiridh

CLĀR-INNSE

1. Dreuchdan: Toiseach tòiseachaidh
2. Nuair a bha mi òg
3. Obair samhraidh anns na h-eileanan
4. Cànan: Nam, nad
5. Sanasan-obrach
6. Cànan: 'S urrainn/Chan urrainn
7. Iarrtas-obrach
8. Cunntas-beatha
9. Agallamh
10. Cànan: An Tràth Caithte (Ath-sgrùdadadh)
11. Obair lasgaich
12. Balaich an lasgaich
13. Obair Ealain
14. Ar Cànan 's Ar Clò
15. Sandra Mhoireach
16. Kirsteen NicDhòmhnaill
17. A' chiad obair aig Fergie
18. Na Geamairean
19. Cànan: Obair postair

Measadh a h-aon: Taisbeanadh

Measadh a dhà: Fàgail na Dùthcha

Measadh a trì: Sgalagan Èireannach

Measadh a ceithir: Balaich a' Bhìobaill

- 4 
- 6 
- 7 
- 10
- 13 
- 18 
- 25 
- 30 
- 33 
- 37 
- 39 
- 40 
- 44 
- 45 
- 49 
- 51 
- 52 
- 53 
- 55 

56 

57 

58 

60 

1. DREUCHDAN...TOISEACH TÒISEACHAIDH!



Obair 1

Ann am buidheann de dhithis/triùir/ceathrar, dèan liosta de na h-obraichean a th' aig daoine nad theaghach agus nad choimhairsnachd.



Obair 2

Dèan deiseil airson bruidhinn mu na h-obraichean bho Obair 1 còmhla ri daoine eile. Faodaidh tu cur ris na h-obraichean air an liosta agad le bhith a' tarraing bho na h-obraichean a dh'ainmicheas buidhnean eile anns a' chlas.



Obair 3



'S e Calum Munsie an t-ainm a th' orm. 'S e tidsear bun-sgoile a th' annam. Bidh mi ag obair ann am bun-sgoil. Bidh mi ag obair le clann bheag agus gan teagascg.



'S mise Asif Beg. 'S e iasgair a th' annam. Bidh mi ag obair air bàta. Bidh mi ag obair aig muir agus a' glacadh èisg.



'S e Sandaidh Nicllemhaoil an t-ainm a orm. 'S e saor a th' annam. Bidh mi ag obair air feadh an àite. Bidh mi a' togail thaighcean agu a' dèanamh rudan le fiodh.



Tagh obair eile agus dèan profaidhl-obrach mar gu bheil thusa a' dèanamh na h-obrach sin. Freagair na ceistean a leanas.

- Dè an t-ainm a th' ort?
- Dè an obair a th' agad?
- Càit am bi thu ag obair?
- Ainmich dà rud a bhios tu a' dèanamh san obair.

Cuir dealbh ris a' phrofaidhl-obrach agad.



Obair 4

Èist ri Calum agus Marushka a' bruidhinn air obraichean a bu toigh leotha agus feadhainn **nach** còrdadh riutha.

Freagair na ceistean.

- a. Ciamar a tha Marushka a' faireachdaiann an-diugh?
- b. Càit am bi Marushka ag obair mar neach-frithealaidh?
- c. Thoir beagan fiosrachaидh air na bhios athair Marushka a' dèanamh san obair aige.
- d. Carson a dh'fheumas Marushka a bhith foighdineach uaireannan?
- e. Ciamar a tha athair Chaluim a' faireachdaiann mun obair aige?
- f. Carson nach còrdadh obair ann am bun-sgoil ri Calum?
- g. Carson as e Saidheans an cuspair as fheàrr le Marushka?
- h. Dè na h-ionnsramaidean a bhios Calum a' cluich?
- i. Dè an cothrom a fhuair Calum nuair a rinn e a' chuairt-cèilidh leis an Fhèis?
- j. Dè am beachd a tha aig Calum air fhèin mar neach?
- k. Ciamar a tha Marushka a' faireachdaiann nuair a tha Calum a' cur tiogaid air dòigh dhi?



2. NUAIR A BHA MI ÔG...



Obair 1

Ann am buidheann de dhithis/triùir/ceathrar, bruidhinn air na h-obraichean a bha thu ag iarraidh nuair a bha thu glè òg agus an obair a bu toigh leat nuair a bhios tu nas sine.

Carson a bha/tha thu ag iarraidh an obair sin a dhèanamh?

Cuideachd, a bheil obair agad an-dràsta? Ma tha, dè an obair th' ann?

Feumaidh tu èisteachd gu dlùth ris na daoine eile anns a' bhuidheann.



Smaoinich air na bhiodh agad ri dhèanamh airson an obair sin a dhèanamh.



**Am biodh feum agad air trèanadh a dhèanamh?
A bheil do bheachd air atharrachadh thar nam bliadhnaichean? Carson?**



Obair 2

A-nis, tha thu a' dol a bhruidhinn ri daoine bho bhuidhnean eile mu na beachdan agus na smaintean acasan bho Obair 1. Innsidh iad dhut mu na h-obraichean a bha aig daoine eile anns a' bhuidheann aca agus nì thusa an aon rud dhaibhsan cuideachd.

Bridhnidh an tidsear ris a'chlas agus curidh i/e ceistean air a' chlas mu na bha daoine ag ràdh.



3. OBAIL SAMHRAIDH ANNS NA H-EILEANAN



Obair 1

Tha thu a' smaoineachadh air na làithean-saora a chur seachad ag obair anns na h-Eileanan. Leis nach eil thu cinnteach dè an obair a chòrdadh riut, feumaidh tu cnuasachadh air na puingean cudromach seo:

an seòrsa neach
a th' annad

eòlas-obrach
sam bith a th' agad

na
cur-seachadan
as fheàrr leat

na rudan air
nach eil thu
cho math - nad
bheachd-sa

na rudan air a bheil thu
math - nad bheachd-sa

na cuspairean-sgoile
air a bheil thu math

na planaichean agad airson
an àm ri teachd, agus na
h-adhbharan airson seo



Obair 2

Nuair a tha thu deiseil, cuir na freagairtean agad còmhla mar bhlog. Seo eisimpleir airson do chuideachadh:

Catriona

Tha mi gasta, dòigheil. Tha mi gu math càirdeil.
'S fior thoigh leam a bhith ag obair a-muigh. 'S
toigh leam a bhith a' coimhead ball-coise agus ag
èisteachd ri ceòl.

Tha mi a' smaoineachadh gu bheil mi math air
spòrs, gu h-àraidh hocaidh agus ball-basgaid. Nam
bheachd fhèin, tha mi math air obair le mo làmhan
agus tha mi math air èisteachd, ach nam bheachd
fhèin, chan eil mi cho math air sgrìobhadh no air
ceòl.

Bidh mi a' cuideachadh aig an taigh. Rinn mi
beagan obrach a' gearradh an fheòir.
Tha mi math air Matamataig, Gàidhlig agus
Teicneòlas. Is fior thoigh leam spòrs cuideachd.

Nuair a dh'fhàgas mi an sgoil, bu toigh leam a
dhòl dhan cholaiste agus obair fhaighinn mar
mheacanaig. Tha ùidh mhòr agam ann an càraichean
agus einnseanan.





Obair 3

A-nis, smaoinich air an t-seòrsa obair a bhiodh freagarrach air do shon fhèin.

Cleachd an clàr gu h-ìosal airson do chuideachadh. Chì thu gu bheil eisimpleir air a dhèanamh dhut.



Eisimpleir:
ag obair ann an taigh-bìdh
no cafaidh

Carson a chòrdadh an obair seo riut?

1. Airson m' eòlas-obrach a leasachadh.
2. Tha e a' còrdadh rium a bhith a' bruidhinn ri daoine.

Obair 1:

1.

2.

Obair 2:

1.

2.

Obair 3:

1.

2.





A-nis, smaoinich air obair **nach** biodh freagarrach dhut. Ainmich an obair agus thoir dà adhbhar ag innse Carson **nach** còrdadh e riut.



Adhbharan nach biodh an obair seo freagarrach dhomh

Obair 1:

1.

2.

Obair 2:

1.

2.

Obair 3:

1.

2.



4. CÀNAN: NAM/NAD

nam, nad - a' bruidhinn air obraighean is dreuchdan gun a bhith a' cleachdadadh 'S e.

Mar as trice, thèid iarraidh ort **Is** no **'S** e a chleachdadadh aig toiseach seantans sam bith nuair a bhios tu a' bruidhinn air obraighean is eile.

Ach tha structar eile ann, a bhios a' cleachdadadh cruth den ghnìomhair **Bi** còmhla ri riochd de **ann** agus na roimhearan sealbhach **mo, do**, mar sin air adhart. Canaigh sinn nam/nad ris. Bidh iad a' leantainn nan aon riaghailtean ri **mo, do, a, a**, a rèir sèimheachadh.

riochdair	ro-riochdair (ann)	nam/nad	eisimpleir
mi	annam	nam, na mo	Tha mi nam dhotair.
thu	annad	nad, na do	A bheil thu nad dhotair?
e	ann	na	Bha e na dhotair.
i	innte	na	Bidh i na dotair.
sinn	annainn	nar	Bha sinn nar dotairean.
sibh	annaibh	nur	Tha sibh nur dotairean.
iad	annta	nan, nam	Cha robh iad nan dotairean.

Obair 1

Atharrach na seantansan seo o bhith a' cleachdadadh **Is** gu bhith a' cleachdadadh **Bi** le **nam/nad**.

- 'S e peantair a th' annam. - Tha mi nam pheantair.
- 'S e ailtire a th' ann.
- B' e sgrìobhadair a bh' innte.
- An e tuathanach math a th' ann?
- An e nurs a bhios annad? - Bidh thu nad nurs.
- 'S e coilltear a th' annad, nach e?
- Chan e ministear a th' annaibh tuilleadh.
- B' e ailtirean a bh' annaibh. - Bha sibh nur n-aitirean.
- 'S e iasgair a th' innte.
- Cha b' e tidsearan math a bh' annainn nuair a thòisich sinn.

Obair 2

Cleachd na riochdairean leis na h-obraichean gus seantansan ceart a dhèanamh le **Bi** le **nam/nad**. Feumaidh an nam/nad aontachadh ris an riochdair.

- a. mi, dotair - Tha mi nam dhotair.
- b. sinn, seinneadairean Gàidhlig
- c. thu, saor
- d. e, sagart
- e. i, ceannard-sgoile - Tha i na ceannard-sgoile.
- f. mi, neach-lagha
- g. sibh, ministear
- h. sinn, craoladairean
- i. iad, Albannaich
- j. sibh, Èireannaich
- k. e, neach-lagha
- l. i, dotair

Obair 3

Gabhaidh nam/nad a chleachdad airson innse dè an càirdeas a tha aig cuideigin riut san obair aca - a bheil thu nad dhràibhear aca.

- a. e, mo thidsear - Tha esan nam thidsear.
- b. i, a bhean
- c. mi, do dhràibhear
- d. iad, ar caraidean
- e. sinn, ur luchd-cuideachaидh
- f. sibh, m' athair
- g. sibh, a phàrantan
- h. Dòmhnaill agus Màiri, a pàrantan
- i. sinne, am pàrantan
- j. iad, ar tidsearan

Obair 4

'S urrainn dhut nam/had a chleachdad le 'S e cuideachd, gu h-àraidh nuair a bhios tu a-mach air na h-obraighean aig daoine a tha càirdeach riut.

- Tha m' athair na dhotair - 'S e dotair a tha nam athair.
- Bha mo mhàthair na saighdear - B' e saighdear a bha nam mhàthair.
- Tha m' uncail na einnseanair.
- Tha mo mhàthair na tidsear Gàidhlig.
- Tha mo sheanair na peinnseanair.
- Bidh do phiuthar na cleasaiche mhath.
- A bheil athair na chlachair?
- Chan eil mo mhàthair na nurs tuilleadh.
- Tha ar n-athair na bhuchaille.
- Bhiodh am pàrantan nam ministearan ann an Inbhir Nis.

Nam/Nad le Gníomhairean Mòdach

Tha **nam, nad** is eile glè fheumail airson an cleachdad le **gníomhairean mòdach**, mar **'S urrainn dhomh, feumaidh, bu toigh leam** is eile.

Feumaidh tu a bhith nad
dheagh chluicheadair
airson cluich do Celtic no
Rangers.

Am b' urrainn dhut
a bhith nad neach-
smàlaidh? Cha b'
urrainn, tha an obair ro
chunnartach.

B' urrainn dhomh
a bhith nam
sheinneadair opara.

Am b' urrainn dhut a bhith nad
neach-smàlaidh? Cha b' urrainn,
tha an obair ro chunnartach.

Nuair a dh'fhàgas
mi an sgoil, bu toigh
leam a bhith nam
thidsear.

Càit an robh sibh nur
n-oileanach? Bha mi nam
oileanach ann an Obar
Dheathain.



Feumaidh an nam/nad aontachadh ris a' chuspair

**Am bu toigh leat a bhith nad thidsear? Cha bu toigh. Bu toigh leam a
bhith nam phoileas?**

Freagair a' cheist seo: Dè an obair a bu toigh leat nuair a bhios tu nas sine?

5. SANASAN-OBRACH

Tha thu air ùine a chosg a' smaoineachadh mu obraichean a chòrdadh, agus nach còrdadh, riut.

Lorg thu na ceithir obraichean a leanas a tha bànn ann an Eilean Stobaigh. Leugh na sanasan-obrach airson dreuchdan (i) gu (iv).

Dreuchd (i)

**TUATHANAS-ÈISG
LOCH NA LUACHRACH
BRADAN MÒR Earranta.
Neach-obrach**

Rubha nam Faoileagan, Eilean Stobaigh

Tha sinn a' sireadh cuideigin a bhios ag obair gu cruaidh aig an ionad aig Rubha nam Faoileagan. Tha Bradan Mòr a' reic èisg air feadh an t-saoghail, ach tha sinn gu math moiteil a bhith a' cumail obraichean ri daoine anns na h-eileanan againne.

Dleastanasan:

- a' càradh einnseanan is eile.
- a' biathadh an èisg gu cunbalach
- a' glanadh agus a' sgioblachadh an ionaid
- a' giullachd bhradaidh is bhric o àm gu àm

Tha sinn a' sireadh dhaoine òga leis na sgilean seo:

- comas snàmh
- math le an làmhan
- dìcheallach agus co-obrachail
- beagan Gàidhlig

Uairean obrach agus páigheadh:

- Diluain gu Dihaoine
- leth-uair an deidh còig sa mhadainn gu leth-uair an deidh còig feasgar
- siubhal an-asgaidh o àite sam bith ann an Stobaigh
- ochd nota deug san uair

**Ma tha àidh agad anns an obair seo, cuir do chunntas-beatha gu:
Gavin Meinnearach, Manaidear, Bradan Mòr Earranta,
Prìomh Oifis, An Caolas an Ear, Eilean Stobaigh, HS3 3RC**

BÙTH PHÀDRAIG RUAIÐH Neach-bùth

'S e bùth bheag ach trang a th' againn anns a' bhaile as mothà ann an Stobaigh. Tha sinn a' creidsinn gu mòr ann a bhith a' frithealadh na coimhearsnachd againn.

Dleastanasan:

- a' cur fàilte air luchd-ceannach
- a' reic stuth ri luchd-ceannach agus a' làimhseachadh airgid
- a' cur a-mach agus a' sgrùedadhar stuthan air na sgeilpichean
- a' cuideachadh le stuthan a bhios a' tighinn far na làraidh

Tha sinn a' sireadh dhaoine òga leis na sgilean seo:

- **comas ann an Gàidhlig**
- **math le teicneòlas**
- **pongail agus dìcheallach**
- **math air cunntadh**



An Caolas an Ear, Eilean Stobaigh



Uairean obrach agus páigheadh:

- **Dihaoine agus Disathairne a-mhàin, o ochd uairean sa mhadainn gu sia uairean feasgar**
- **lòn an-asgaidh**
- **còig nota deug san uair**

Ma tha ùidh agad anns an obair seo, cuir do chunntas-beatha gu:

Màiri Ruadh, Bùth Phàdraig Ruaidh, An Caolas an Ear, Eilean Stobaigh, HS3 3RB



Neach-fàilteachaidh

Oifis nan Tiogaidean, Port a' Chàirn

*Bidh Calmac a' seòladh dà thuras san latha eadar
Tìr-mòr agus Port a' Chàirn.*

Dleastanasan:

- a' cur fàilte air luchd-siubhail
- a' toirt comhairle do dhaoine mu thrioblaidhean siubhail
- a' bruidhinn ri daoine air an fhòn
- a' reic thiogaidean air an fhòn agus ri daoine aig an deasg

Tha sinn a' coimhead airson daoine òga leis na sgilean seo:

- Gàidhlig agus cànan eile
- math air obair leis a' phoball
- foighidneach agus mionaideach
- sgilean coimputaireachd

Uairean obrach agus pàigheadh:

- A h-uile latha ach Didòmhnaich, o leth-uair an dèidh seachd sa mhadainn gu ceithir uairean feasgar
- dà latha dheth a bharrachd gach trì seachdainean
- ceithir nota deug san uair

**Ma tha àuidh agad anns an obair seo,
cuir do chunntas-beatha gu:
CALMAC, Oifis nan Tiogaidean,
Port a' Chàirn, Eilean Stobaigh, HS3 1HS**



TAIGH-STAILE STOBAIGH

Neach-frithealaidh



Tha an Taigh-staile a' dèanamh uisge-beatha agus sineabhair a tha gan reic air feadh an t-saoghail. Tha feill mhòr air a' chafaidh bheag, thrang san taigh-staile.

Dleastanasan:


- a' cur fàilte air luchd-turais agus muinntir na sgìre
- a' mineachadh a' chlàir-bìdh do luchd-turais
- a' glanadh an taigh-bìdh air an oidhche
- a' cuideachadh sa chidsin nuair a bhios e trang

Tha sinn a' sireadh dhaoine òga leis na sgilean seo:

- math air conaltradh ann an Gàidhlig agus cànan eile
- math air obair le airgead
- càirdeil agus glan
- sgilean còcaireachd bunaiteach

Uairean obrach agus pàigheadh:

- ceithir làithean san t-seachdain, Diluain gu Diardaoin no Diciadain gu Disathairne
- prìsean nas ìsle ann am bùth an taigh-staile
- sia-deug nota san uair



Ma tha ùidh agad anns an obair seo,
cuir do chunntas-beatha gu:
Seonag, Manaidsear a' Chafaidh,
Taigh-staile Stobaigh, Ramabost,
Eilean Stobaigh , HS3 3RB

Cafaidh an Taigh-staile, Ramabost, Eilean Stobaigh



Obair 1

Tagh an dà obair às na ceithir sanasan-obrach a leugh thu agus a b' fheàrr a chòrdadh riut.

Airson an dà obair a thagh thu, sgrìobh:

- a. Na dleastanasan a tha ceangailte ris an obair
- b. Cò bhiodh freagarrach airson obair mar seo?
- c. Dè na buannachdan a th' ann do luchd-obrach?
- d. Carson a bhiodh tu math air an obair seo?
- e. Ceistean sam bith eile a tha agad
- f. Minich carson **nach robh** ùidh agad anns an dà obair eile.
- g. Dè an obair a b' fheàrr leat às na dhà a thagh thu?

Ainmich carson a dhiùlt thu an dà obair eile.





6. 'S URRAINN/CHAN URRAINN...

Nuair a bhios tu a' bruidhinn air na comasan agad,
feumaidh tu a bhith air chomas an structar 's urrainn dhomh
a cleachdadadh gu ceart.

Riochdair	Ro-riochdair	Eisimpleir
mi	dhomh	'S urrainn dhomh ruith gu luath.
thu	dhut	An urrainn dhut snàmh?
e	dha	Chan urrainn dha tighinn dhan sgoil an-diugh.
i	dhi	'S urrainn dhi a dhol chun a' gheama a-nis.
sinn	dhuinn	An urrainn dhuinn seo ithe?
sibh	dhuibh	Am b' urrainn dhuibh mo chuideachadh?
iad	dhaibh	B' urrainn dhaibh tighinn dhachaigh a-nis.

Obair 1

Cruthaich seantans a' cleachdadadh *urrainn* airson na gnìomhairean agus na riochdairean seo.

- a. mi, cluinntinn - Chan **urrainn** dhomh cluinntinn.
- b. mi, snàmh
- c. thu, leughadh
- d. sinn, ruith
- e. sibh, dannsa
- f. i, seinn
- g. iad, tighinn
- h. e, cadal
- i. iad, dùsgadh
- j. thu, falbh



Còmhla ri riochdairean

Dè bhios a' tachairt nuair a bhios tu a' cleachdadh riochdair? Bidh sinn a' cleachdadh riochdairean sealbhach an àite riochdairean àbhaisteach, mar seo:

- An urrainn dhuibh mo chluinntinn?
- Chan urrainn dhomh do chluinntinn.
- 'S urrainn, 's urrainn dhuinn ur cluinntinn.



riochdair	riochdair sealbhach	eisimpleir	eisimpleir eile
mi	mo, m'	mo thogail	m' fhaicinn
thu	do, d'	do thogail	d' fhaicinn
e	a	a thogail	fhaicinn
i	a, a h-	a togail	a faicinn
sinn	ar	ar togail	ar fagainn
sibh	ur	ur	ur faicinn
iad	an, am	an togail	am faicinn

Gníomhairean mòdach

'S e gníomhair mòdach a th' ann an **urrainn**. 'S e sin gníomhair a bhios d' bruidhinn air feum, comas, no miann - mar **faodaidh, feumaidh, bu toigh, bu chòir, is fheàrr.**

Bidh òrdugh nam faclan ag atharrachadh nuair a chleachdas sinn gníomhair mòdach.



Chan e an aon riochd den ghníomhair a th' ann:

- Tha mi **a' ceannach** an leabhair seo ach bu toigh leam an leabhar seo **a cheannach**.

Agus, chan e an aon riochd den ainmear a th' ann:

- Bidh sinn a' ceannach **nam burgairean** as saoire ach bu toigh leam **na burgairean** as blasta a cheannach.

Atharrachadh-ionaid le cuspair dìreach

'S e cuspair dìreach a th' ann an ainmear sam bith ann an seantans far a bheil gnìomh a' tachairt dha.

- Tha mi a' gabhail **burgair** - 'S e cuspair dìreach a th' anns a' bhurgair.
- Bha mi ag òl **bainne** - 'S e cuspair dìreach a th' anns a' bhainne.

A-nis seall na bhios a' tachairt le gnìomhairean mòdach.

- Tha an t-acras orm, feumaidh mi **biadh** a ghabhail.
- Chan urrainn dhomh **bainne** òl.

Bidh an dearbh rud a' tachairt nuair a tha an t-alt cuide ris na h-ainmearan.

- Tha mi a' gabhail **a' bhìdh** - 'S e cuspair dìreach a th' anns a' bhiadh.
- Bha mi ag òl **a' bhainne** - 'S e cuspair dìreach a th' anns a' bhainne

Ach

- Tha an t-acras orm, feumaidh mi **am biadh** a ghabhail.
- Chan urrainn dhomh **am bainne** òl.
- Tha mi a' ceannach **an leabhair** seo ach bu toigh leam **an leabhar** seo a cheannach.

An do mhothaich thu mar a tha an gnìomhair agus an t-ainmear a' tionndadh? 'S e seo **atharrachadh-ionaid**. Bidh seo a' tachairt le **gnìomhairean mòdach** glè thric.

'S e **gnìomhair mòdach** a th' ann an **urrainn**. 'S e sin gnìomhair a bhios a' bruidhinn air feum, comas, no miann - mar **faodaidh, feumaidh, bu toigh, bu chòir, is fheàrr** agus far am bi na gnìomhairean sin ag obrachadh còmhla ri gnìomhairean eile.





Obair 2

Feuch iad seo. Tòisich seantansan b-n le Chan urrainn dhomh...

- a. a' faicinn, iad - Chan urrainn dhomh am faicinn
- b. a' cluinntinn, thu
- c. a' faicinn, sibh
- d. a' lorg, e -
- e. ag obrachadh, i
- f. a' tuigsinn, iad
- g. a' cleachdadadh, e
- h. a' lorg, iad
- i. a' fosgladh, e
- j. a' sgrìobhadh, i
- k. a' gluasad, e
- l. a' dùsgadh, sibh
- m. a' cuideachadh, sinn
- n. a' togail, mi

CHAN
URRAINN
DHOMH...



Atharrachadh-ionaid le cuspair dìreach

'S e cuspair dìreach a th' ann an ainmear sam bith ann an seantans far a bheil e gnìomh a' tachairt ris.

- Tha mi a' gabhail **burgair** - 'S e cuspair dìreach a th' anns a' bhurgair.
- Bha mi ag òl **bainne** - 'S e cuspair dìreach a th' anns a' bhainne.

A-nis seall na bhios a' tachairt le gnìomhairean mòdach.

- Tha an t-acras orm, feumaidh mi **biadh** a ghabhail.
- Chan urrainn dhomh **bainne** òl.

Bidh an dearbh rud a' tachairt nuair a tha an t-alt air na h-ainmeanan.

- Tha mi a' gabhail **a' bhìdh** - 'S e cuspair dìreach a th' anns a' bhiadh.
- Bha mi ag òl **a' bhainne** - 'S e cuspair dìreach a th' anns a' bhainne.

Ach

- Tha an t-acras orm, feumaidh mi am **biadh** a ghabhail.
- Chan urrainn dhomh am **bainne** òl.

An do mhotaich thu mar a tha an gnìomhair agus an t-ainmear a' tionndadh? 'S e seo **atharrachadh-ionaid** a tha an seo. Bidh seo a' tachairt le **gnìomhairean mòdach** glè thric.

'S e **gnìomhair mòdach** a th' ann an **urrainn**. 'S e sin gnìomhair a bhios a' bruidhinn air feum, comas, no miann - mar **faodaidh, feumaidh, bu toigh, bu chòir, is fheàrr** agus far am bi na gnìomhairean sin ag obair le gnìomhairean eile.



Obair 3

Cruthaich seantans le gnìomhairean mòdach ('S urrainn, mar eisimpleir) airson nan gnìomhairean seo le cuspairean dìreach.

- a. mi, a' dèanamh obair-dachaigh - Chan urrainn dhomh obair-dachaigh a dhèanamh,
- b. e, a' bruidhinn Gàidhlig > An urrainn dha Gàidhlig a bhruidhinn?
- c. i, a' tuigsinn an leabhair sinn, a' cluich giotàr
- d. f. sibh, a' gabhail òran
- e. g. iad, a' gabhail feòil
- f. h. mi, ag ithe càise
- g. i. thu, a' faighinn an trèana.
- h. j. e, a' cluinntinn an rèidio
- i. k. mi, a' sreap na beinne



Cuimhnich gu bheil **urrainn** co-cheangailte ri comas agus gu bheil **faod** co-cheangailte ri cead no cothrom.

'S urrainn dhomh dràiloheadh ach chan fhaod mi càr mo mhàthar a cleachdadh gun faighneachd a dhì.

Am faod mi a dhol dhan fhèis còmhla riut?

Chan fhaodadh mo shinn-sheanair Gàidhlig a bhruidhinn san Sgoil ann an Uilehist.


'S urrainn dhomh Gàidhlig a bhruidhinn ged a thogadh mi ann an Glaschu.



Obair 4

Cuir an riochd ceart de **urrainn no faod** anns gach beàrn.

- a. Chan _____ dha an doras fosgladh leis gun do chaill e an iuchair.
- b. Chan _____ thu a dhol ro fhaisg air a' mhuir oir chan _____ dhut snàmh.
- c. Chan _____ dhan tidsear an sgrìobhadh aige a leughadh.
_____ am balach an obair fheuchainn a-rithist.
- d. Chan _____ Jen àite fhaighinn air a' chùrsa gun teisteanas Àrd Ìre ann an Gàidhlig.
- e. Faighnich dha d' athair am _____ thu an càr aigesan a chleachdadadh.
- f. Chan _____ dhomh a chreidsinn gum _____ thu a dhol air an làrach-lìn sin aig 10 bliadhna.
- g. _____ e tighinn nam _____ dha faighinn chun an stèisein ann an àm.





P. IARRTAS-OBRACH

Anns na seann làithean, dh'fheumadh tu litir a sgrìobhadh gu luchd-fastaidh mar fhreagairt do shanas-obrach. An-diugh, mura bheil foirm air-loidhne ann, feumaidh tu post-dealain a chur gu luchd-fastaidh mar as trice. Tha e cudromach litir mhath, èifeachdach a sgrìobhadh gus an toir iad sùil air a' chunntas-bheatha agad às dèidh sin.



Sùsbaint

- Dèan cinnteach gu bheil thu air a h-uile pàirt den t-sanas-obrach a fhreagairt.
- Dèan cinnteach gu bheil thu a' cleachdadadh mòran ghnìomhairean agus thràthan (feuch nach eil a h-uile càil a' tòiseachadh le 'Tha'!)
- Feumaidh tu tòna foirmeil a chleachdadadh. Cleachd ro-riochdairean agus roimhearan.



Pongalachd

- Feumaidh tu sealltainn gu bheil thu air chomas litreachadh agus gràmar ceart a chleachdadadh. Tha seo air leth cudromach airson buaidh a thoirt air luchd-fastaidh.



Cànan

- Feuch gun cleachd thu diofar ghnìomhairean anns gach seantans.
- Cleachd buadhairean agus co-ghnìomhairean airson buaidh a thoirt air an leughadair.
- Tha thu ag iarraidh gum bi an cànan a' gluasad.





Obair 1

Tagh aon de na sanasan-obrach a leanas agus tha thu a' dol a sgriobhadh litir iarrtais airson na h-obair a thagh thu. Feuch gun tog thu air gach puing chudromach a tha san t-sanas a thagh thu.

Seo eisimpleir air mar a dh'fhaodadh tu an litir agad a thòiseachadh.


A charaid/bhana-charaid chòir,


Tha mi a' sgriobhadh thugaibh mu shanas
a chunnaic mi.

zxzxzxzxzxz

Nì mi fiughar cluinntinn bhuaibh,

Seumas





Neach-teasairginn

Tha Amar-snàmh Bhaile a' Chàirn a' lorg neach a thig a dh'obair mar neach-teasairginn.

Airson na h-obrach seo:

- Feumaidh tu a bhith math air snàmh.
- Feumaidh tu a bhith dìcheallach nad obair.
- Feumaidh tu a bhith math air obair ann an sgioba.

Airson tuilleadh fiosrachaidh no airson do chunntas-beatha a chur thugainn, cuir post-dealain gu seonag@amarsnaimhbc.scot.

- 
- Ainm, aois agus far a bheil thu a' fuireach
 - Eòlas sgoile/colaiste/foghlam gu ruige seo
 - Sgilean/cur-seachadan a tha gad dhèanamh freagarrach airson na h-obrach
 - Eòlas-obrach iomchaidh
 - Eòlas air obrachadh le daoine eile
 - Na sgilean Gàidhlig agad





Oifigear Òigridh

A bheil thu spòrsail?

An toigh leat clann?

Tha Comann na h-Òige a' lorg neach a thig a dh'obair anns an Ionad-choimhearsnachd. Feumaidh tu a bhith fileanta ann an Gàidhlig agus feumaidh tu a bhith math air obair còmhla ri daoine òga.

Airson tuilleadh fiosrachaidh no airson do chunntas-beatha a chur thugainn, cuir post-dealain gu oifis@oige.scot

- Ainm, aois agus far a bheil thu a' fuireach
- Eòlas sgoile/colaiste/foghlam gu ruige seo
- Sgilean/cur-seachadan a tha gad dhèanamh freagarrach airson na h-obrach
- Eòlas-obrach iomchaidh
- Eòlas air obair còmhla ri clann
- Na sgilean Gàidhlig agad





A' sìreadh preantas

Tha Clachairean a' Bhaile Bhig a' lorg neach a bhios ag obair anns a' ghàrradh aca:

Airson na h-obrach seo:

- Feumaidh tu a bhith math air òrdughan a leantainn.
- Feumaidh tu a bhith èasgaidh.
- Feumaidh ùidh a bhith agad ann an obair le do làmhan.

Bidh thu ag ionnsachadh sgilean clachaireachd is togail cuide ri ar luchd-obrach sgileil, eòlach.

Airson tuilleadh fiosrachaидh no airson do chunntas-beatha a chur thugainn, cuir post-dealain gu oifis@clachairean.scot

- Ainm, aois agus far a bheil thu a' fuireach
- Èolas sgoile/colaiste/foghlam gu ruige seo
- Sgilean/cur-seachadan a tha gad dhèanamh freagarrach airson na h-obrach
- Èolas-obrach iomchaidh
- Èolas air obair le do làmhan
- Na sgilean Gàidhlig agad




8. CUNNTAS-BEATHA

'S e sgil air leth cudromach a th' ann a bhith a' lìonadh a-steach cunntas-beatha.

'S e cunntas-beatha no CV (Curriculum Vitae), rud a tha gu math feumail nuair a bhios sinn a' dol a-steach gu saoghal na h-obrach.

- Tha e math airson fiosrachadh a bhiodh feumail do luchd-fastaidh a chruinneachadh ann an aon àite.
- Tha e feumail dhan neach aig a bheil e oir 's ann ann a chì e no i na h-eòlasan agus na sgilean a tha e no i air ionnsachadh thar nam bliadhnaichean.
- Cuideachd, tha e a' toirt cothrom dhuinn faicinn far a bheil bearnan agus laigse a tha còir againn a lìonadh.
- Uaireannan, cha ghabh luchd-fastaidh ri cunntas-beatha leis fhèin, ach bidh iad an dùil gun cuir thu an aon phiosrachadh a chuir thu air foirmean-iarrtais no foirmean-tagraidh.
- 'S mathaid gu bheil thu air cunntas-beatha a dhèanamh anns a' Bheurla no ann an Gàidhlig mu thràth, ach tha còir agad a bhith ga ath-nuadhachadh fad na h-ùine. Tha sinn an-còmhnaidh a' togail air sgilean agus eòlasan ùra tro ar beatha.





Obair 1

Leugh an cunntas-beatha aig Iain Fionnlagh, agus an uair sin, l'ion a-steach fear dhut fhèin.



Cuimhnich gur e eacarsaich cànan a tha seo. Na gabh dragh mura tèid agad air a h-uile rud a rinn thu nad bheatha a chur a-steach.

Ainm:

Iain Fionnlagh Caimbeul

Là-brèith:

26 Sultain 1991

Seòladh

6A Baile a' Chàirn, Eilean Stobaigh

Còd-puist

HS10 9TV

Comharrach:

An urrainn dhut dràibheadh?

'S urrainn / Chan urrainn

Teisteanasan

Cuspair	Ìnbhe agus Ìre	Bliadhna
Preantasachd anns na meadhanan didseatach	SCQF 5	2019
Gàidhlig	Àrd-ìre A	2019
Beurla	Àrd-ìre B	2019
Matamataig	Àrd-ìre B	2019
Ceimigeachd	Àrd-ìre B	2019
Spòrs	N5 C	2018
Bith-eòlas	N5 A	2018

Foghlam

Sgoil/Colaiste/Oilthigh	Cinn-latha
Àrd-sgoil Bhaile a' Chàirn	2013-2019
Colaiste nan Eilean	2020-2022
oilthigh na Gàidhealtachd	2022-2024

Àite-obrach	Obair agus Dleastanasan	Cinn-latha	Adhbhar airson fàgail
Bùth Phàdraig Ruaidh	Obair le airgead a' cur stuthan air na sgeilpichean a' dèildeadh ri òrdughan	2022-23	Bha mi ag iarraidh obair làn-ùine
Tuathanas-èisg Loch na Luachrach, Bradan Mòr Earr	Neach-obrach a' biathadh an èisg ag obair ann an sgioba sàbhailteachd air an làrach	Samhradh 2021	A' tilleadh gu foghlam
Radio Stobaigh	Craoladar Bidh mi a' preasantadh prògram ceòl roc gach oidhche Ardaoin ann an Gàidhlig	2021 chun an-diugh	Fhathast ann an dreuchd
Bòrd Turasachd nan Eilean	Oifigear Leasachaiddh a' sanasachd Eilean Stobaigh Sgilean coimpiutaireachd	2023 chun an-diugh	Fhathast ann an dreuchd

9. AGALLAMH

Tha thu air fios fhaighinn air ais on àite-obrach chun an do chuir thu do chunntas-beatha. Tha iad a' dèanamh agallamh còmhla riut tro bhith a' cur fòn-bhidio thugad.

Obair 1

Airson ullachadh airson agallamh, dèan liosta de na rudan air am faodadh tu a bhith air do cheasnachadh.

- Carson a tha ùidh agad san dreuchd seo?
- Dè na sgilean a tha agad?
- Cuin as urrainn dhut tòiseachadh?
- Aig deireadh an agallaimh, bu chòir dhut ceist no dhà a chur orra mu dheidhinn na h-obrach. Smaoinich air na ceistean a bu mhath leat fhaighneachd

Obair 2

Lìon na ceistean aig an agallamhaiche airson an agallaimh seo.

Agallamhaiche	Feasgar math, 's math do coinneachadh
Tagraiche	Halò, 's math ur coinneachadh cuideachd.
Agallamhaiche	
Tagraiche	Ceart ma-thà, nì mi mo dhìcheall am freagairt.
Agallamhaiche	
Tagraiche	'S urrainn gu dearbh. Tha mi gun obair an-dràsta, ach bha an obair mu dheireadh agam ann an sàr-mhargaidh. Dh'obraich mi an sin fad bliadhna gu leth. Roimhe sin, bha mi ag obair mar neach-glanaidh ann an sgoil.
Agallamhaiche	
Tagraiche	Tha mi glè mhath air.
Agallamhaiche	
Tagraiche	Bu toigh leam an obair seo a chionn 's gur e deagh ghniomhachas a th' ann airson a bhith obair. Is toigh leam coinneachadh ri daoine agus bruidinn ri luchd-ceannach.
Agallamhaiche	
Tagraiche	Bithidh. 'S toigh leam a bhith ag obair còmhla ri daoine eile.
Agallamhaiche	
Tagraiche	An-dràsta fhèin!
Agallamhaiche	
Tagraiche	Tha. Dè an tuarastal a gheibhinn san uair? Dè na làithean-obrach a th' ann?
Agallamhaiche	
Tagraiche	Mile taing. Nì mi fiughar ri cluinni bhuuibh.
Agallamhaiche	



Obair 3

A-nis ullaich airson agallamh airson na dreuchd air Eilean Stobaigh (Caibidil 5) a bha thu ag iarraidh - no faodaidh tu obrachadh ann an càraig agus fear de na dreuchdan a leanas a chleachdadhbh airson agallamh agus a dhèanamh còmhla. Gabhaibh cothrom mu seach a bhith nur tagraiche is nur agallamhaiche.



A

Tagraiche:

Eòlas-obrach gu ruige seo:

- bha taigh-bìdh agad
- dh'obraich thu ann an cafaidh ionadail

Sgilean:

- math air rianachd
- teisteanasan airson sàbhailteachd-bìdh

Fiosrachadh:

- glè mheasail air còcaireachd
- comasach obrachadh làithean/uairean sam bith



Agallamhaiche: Feumaidh tu: Còcaire

Sgilean Cudromach:

- math air còcaireachd
- sgiobalta
- math air sgioba a stiùireadh

Fiosrachadh eile:

feumaidh iad a bhith glan agus spaideil

Uairean:

11m-9f, Dimàirt - Disathairne

Tuarastal: £15 san uair

B

Tagraiche:

Eòlas-obrach a cheana:

- dà bhliadhna ag obair ann an sgoil-àraich nad thidsear

Sgilean:

- math air rianachd, faiceallach, càirdeil, ceum teagaisg

Fiosrachadh:

- glè mheasail air obair còmhla ri clann
- fileanta ann am Fraingis
- feumaidh tu cola-deug obair dhan luchd-fastaidh a tha agaibh an-dràsta

Agallamhaiche:

Feumaidh tu: Tidsear Bun-sgoile

- Sgilean Cudromach:
- measail air obair còmhla ri clann
- math air rianachd
- èolas air cànan eile

Fiosrachadh eile:

- obair a' tòiseachadh an-ath-mhòs

Uairean: 8.30m - 4.30f Diluain -

Dihaoine

Tuarastal: £27,000 sa bhliadhna



...

...

C

Tagraiche:

Eòlas-obrach gu ruige seo:

- rùnaire airson 3 bliadhna
- neach-fàilteachaidh aig taigh-òsta airson dà bhliadhna

Sgilean:

- glè mhath air rianachd
- math le coimpiutairean

Fiosrachadh:

- dèidheil air coinneachadh ri daoine ùra
- gun obair an-dràsta agus feumach air obair an ceartuair

Agallamhaiche:

Feumaidh tu: Neach-fàilteachaidh

Sgilean Cudromach:

- deagh sgilean le daoine
- glè mhath air rianachd
- sgilean teicneòlais

Fiosrachadh eile:

- feumaidh iad a bhith air chomas tòiseachadh a dh'aithghearr

Uairean: 10m-5f Diluain-Disathairne

Tuarastal: £18,000 sa bhliadhna

35



D

Tagraiche:

Eòlas-obrach gu ruige seo:

- neach-bùtha ann am bùth mhòr airson ceithir bliadhna
- ag obair aig cunntair ann an sàr-mhargaidh airson bliadhna

Sgilean:

- math le luchd-ceannach
- eòlach air obair le airgead

Fiosrachadh:

- ùidh mhòr ann am fasan agus aodach spaideil
- ag iarraidh obair phàirt-ùine

Agallamhaiche:

Feumaidh tu: Neach-bùth-aodaich

Sgilean Cudromach:

- deagh sgilean le daoine
- comasach air cunntair-bùthha obrachadh

Fiosrachadh eile:

- feumaidh ùidh a bhith aca ann am fasan

Uairean: 10m-2f Diluain - Diardaoin

Tuarastal: £14 san uair



Tagraiche:**Eòlas-obrach gu ruige seo:**

- neach-ghanaidh ann an opsal airson bliadhna
- neach-obrach ann am factaraidh bradaidh airson sia mìosan

Sgilean:

- math air rianachd agus obair gu cruaidh
- teisteanasan airson sàbhailteachd-bìdh

Fiosrachadh:

- feumach air siubhal (gun chàr); ag iarraidh sioftaichean oidhche

Agallamhaiche:**Feumaidh tu: Neach-obrach factaraidh mheasan****Sgilean Cudromach:**

faiceallach
pongail
deagh shlàintealachd (glan)

Fiosrachadh eile:

siubhal ri fhaotainn

Uairean:

10f - 6m Diluain-Dihaoine

Tuarastal: £16 uairean san uair (£20 san uair airson ùine a bharrachd)



10. CÀNAN: AN TRÀTH CAITHTE (ATH-SGRÙDADH)



Obair 1

Leugh an earrann agus an uair sin lìon an clàr. Sgrìobh na gniomhairean anns a' chlàr san tràth chaithte.

O chionn mìos, chunnaic mi sanas-obrach air-loidhne airson obair a bha mi ag iarraidh gu mòr. Lìon mi am foirm-iarrtais, sgrìobh mi mo chunntas-beatha agus chuir mi a h-uile càil dhan phost. Às dèidh ceithir no còig làtha, fhuair mi post-dealain gam fhiathachadh gu agallamh. Bha mi air bhioran, ach bha mi gu math iomagaineach cuideachd.

Chaith mi deise spaideil le lèine gheal agus mo bhrògan gleansach deurga. Bha mi airson deagh bhuaidh a thoirt orra. Aig an agallamh dh'fhaighnich iad mòran cheistean. Bhruidhinn sinn mun eòlas-obrach a-cheana agus na sgilean a bha gam dhèanamh freagarrach airson na h-obrach. B' fheudar dhomh pàipearan a lìonadh a-steach cuideachd. Bha mi gu math ullaichte, agus mar sin, tha mi a' smaoineachadh gun deach e gu math. Às dèidh làimhe, rug na h-agallamhaichean air làimh orm agus thuirt iad, "Cuiridh sinn fios thugad." Nì mi fiughar ri cluinntinn bhuapa.




pàirtear	tràth caithe
a' faicinn	chunnaic
a' lìonadh	
a' sgrìobhadh	
a' cur	
a' faighinn	
a' caitheamh	
a' faighneachd	
a' bruidhinn	
bhruidhinn	
a' breith air làimh	
ag ràdh	



Obair 2

Còmhla ri caraid, sgrìobhaibh sgeulachd ghoirid a' cleachdadh nan gnìomhairean seo uile san tràth chaithte.





11. OBAIR AN IASGAICH



Obair 1

Èist ris an earrainn seo far a bheil Aonghas a' bruidhinn air an obair aige ann an gnìomhachas an iasgaich ann an Stobaigh. Às dèidh èisteachd ris an earrainn, freagair na ceistean a leanas.

- a. Cuin a bhios Aonghas ag obair gach latha?
- b. Cuin a thòisich Aonghas air iasgach?
- c. Dè tha Aonghas an dòchas san àm ri teachd?
- d. Dè thachras dhan a' mhaorach a ghlacas iad?
- e. A bharrachd air Dòmhnaill Ruadh, cò ris a bhios e a' bruidhinn Gàidhlig?
- f. Dè bhios Aonghas a' dèanamh mar chur-seachad?
- g. Càrson nach bi Aonghas ag obair Didòmhnaich?





12. BALAICH AN IASGAIDH



Balaich an lasgaich

*Fàilte gu fearann air balaich an iasgaich
Iomradh is tarraig is gearradh a' bhiathaidh,
Coma leam leabaidh no cadal no biadh
Gum faigh mi mo lìon an òrdugh.*

Bàtaichean Gallach a' gearradh an t-siabain,
Biotadh gu caladh an aghaidh sruth lònaidh,
Bàtaichean biorach aig Nisich is Siaraich
Fada mun iar air Rònaigh.

Tha 'n geomhradh cho fada 's an gaillean cho cruaidh,
Droch shìde le cabhadh, clach-mheallain is fuachd,
Cha mhòr tha chur-seachad aig balaich 'an Ruaidh
Ach cèilidh is bualadh eòrna.

Thig an Fhèill Phàraig mum pàigh sinn na fiachan
Ri dorghach nam biorach air slios an Taoibh Siair;
Tha prìs air an langainn an Sasainn am bliadhna
'S gheibh mi mo lìon an òrdugh.

Bidh riasladh is mèladh air ràmh agus cliabh
Gun iaradh no tàmh eadar àiteach is lìon;
Thug Cailean a làmh dhomh nam pàigheadh an t-iasg
Gu faodainn Cairistìona phòsadh.

'S i leabaidh as fheàrr leam na gàbhadh nan tonn
Tha plaide mo mhàthar 's mo làmh fo mo cheann,
Nas fheàrr na bhith lapadh ri fasgadh nan crann
Ag èisteachd ri srann nan ròpan.

Siud agaibh na balaich nach gearain air cruidal,
Sìnt' air a' bhalaist gun pheallaig mun uachdar;
Còignear no seisear 's an lethcheann air cluasaig,
Ulpagan cruidhe Cheòsan.

Nuair thig sinn à Gallaibh 's a thogar am bàrr,
Bheir bùth Sheumais Chaluim dhuinn preasain air dhàil;
Bidh dùil 'am bho Chailean ri feannag no dhà,
'S bheir m' athair a' phàirc is bò dhuinn.

Nam faighinn Cairistìona chan iarrainn a-chaoidh
Ach bothan beag riabhach is sioman mu dhruim
Sabhal is bàthach is stàbhag bò-laoigh,
Gearran beag donn is òisgean.



Fios mun bhàrd

'S e Balaich an lasgaich le Dòmhnull Moireasdan à Bradhagair a Deas air Taobh Siar Leòdhais fear de na h-òrain as ainmeile mu obair an iasgaich. 'S e duine àraig a bh' ann an Dòmhnull, am bàrd. Dh'fhalbh e a Chanada agus an uair sin do na Stàitean Aonaichte, agus bha e na thàillear. Chaidh a bhràthair, Murchadh còmhla ris, ach thill esan nuair dh'fhàs e tinn agus thog e an taigh ainmeil Lakefield ann am Bradhagair le gèillean muc-mhara os cionn a' gheata.

Ged a bha Dòmhnull ag obair gu cruaidh, agus a' dèanamh cosnadh air leth math mar thàillear, chun na h-ìre 's gun cante gun robh e beairteach - nuair a thàinig àm na bochdainn, chaill e a h-uile càil a bh' aige agus b' fheudar dha tùiseachadh às ùr. Thug e mach céird ùr mar *chiropractor* agus, le saothair, chaidh gu math leis uair eile.

Cha do thill e a Leòdhas ach aon uair a-mhàin, sa bhliadhna 1937. Bha e gu bhith ann am Bradhagair airson trì mìosan ach chaidh mìos is mìos seachad 's cha robh guth aige air tilleadh gu Duluth. Mu dheireadh, an ceann sia mìosan, 's an teaghlach às na Stàitean a' cur theileagraman a Leòdhas a' feòrach cuin a bha e a' dol a thilleadh, chuir e roimhe falbh.

Tha e coltach nuair a għluais am bàta air an robh Dòmhnull a' falbh a-mach bho chidhe Steòrnabhaigh gun do sheinn an sluagh mòr a bha air tìr Eilean Beag Donn a' Chuain, a' dèanamh dealachadh doirbh buileach duilich dha.

Cha robh a shlighe air ais gu theagħlach idir rèidh. Nuair a ràinig e Glaschu, chaidh e airson latha no dhà mus seòladh an soitheach aige, gu taigh nighean a pheathar. Sin far an tug e an aire nach robh sgeul air an tiogaid a dh'fheumadh e airson a dhol tarsainn a' Chuain Shiar. Bha i glaiste anns a' safe ann an Oifis a' Phuist am Bradhagair, gun dòigh air a faighinn a Ghlaschu mus seòladh an soitheach.

An dèidh mòran strì agus an dèidh dha a dhol air a mhionnan gun robh an tiogaid ann agus gum pàigheadh e càin mhòr mura robh, leigeadh am bàrd air bòrd. Thill e gu Duluth far an do chaochail e ann an 1952.

Ged a rinn e dà òran a tha cho ainmeil ri gin a rinneadh le Leòdhasach, Eilean Beag Donn a' Chuain agus Balaich an lasgaich, chan eil ach corra rann eile leis air sgeul.





An t-òran fhèin - mìneachadh

Tha an t-òran a' fosgladh le sèist a tha ainmeil airson sealltainn mar a tha beatha nan iasgairean - toilichte a bhith air ais air tìr, ag innse mun obair chruaidh aca, 's ag innse nach eil obair an latha seachad fhathast gus am bi a h-uile càil ga chur air dòigh.


San dara rann, tha am bàrd ag innse mun uimhir de bhàtaichean o dhiofar sgìrean a bhiodh ris an iasgach, uaireannan cho fada a-mach ri Rònaidh, eilean fada mu thuath air Leòdhas. Tha sinn a' faighinn dealbh de bhàtaichean Gallach a' gearradh an t-siabain - a' ciallachadh gu bheil iad luath, agus coltach ris na bàtaichean biorach aig Nisich is Siaraich, tha iad a' gluasad gu sgiobalta.

'S e langa a th' ann an iasg agus bha e gu math pailt.

Tha riasladh agus màladh a' ciallachadh gu bheil an obair cruaidh agus doirbh, gun iaradh no tàmh, a' ciallachadh nach fhaigh e fois.

Cò th' ann an Cailean? Coltas gur e athair a leannainn a th' ann, agus ma tha am bàrd a' dèanamh gu math air an iasgach tha e gu mòr airson cùl a chur ris a' bheatha seo agus air feadh an òrain, tha e a' bruidhinn air a bhith ag obair air an fhearrann. Chan eil an obair a' toirt tlachd dha; tha e ag innse nach eil càil air aire ach gu leòr a dhèanamh gus gum faod e pòsadh agus taigh a thogail.

"Siud agaibh na balaich nach gearain air cruadal/sìnt' air a' bhalaist gun pheallaig mun uachdar". Tha an rann seo a' sealltainn mar a bha e a bhith beò air tè de na bàtaichean iasgaich - a bhith fosgailte sa mhuiр agus a h-uile seòrsa sìde gan cuartachadh.





Obair 1

Èist ris an òran mar a tha e air a sheinn leis a'chòmhlan Skippinish:

https://www.youtube.com/watch?v=84v_aFjQZNk



Obair 2

Coimhead air na bhidiothan seo mu obair an iasgaich:

https://learngaelic.scot/watch/index.jsp?v=watch_gaelic_annlan_s1_ep5_clip1
Sgadan

https://learngaelic.scot/watch/food.jsp?v=watch_gaelic_annlan_s1_ep3_clip2
lasgach Mhaoraich



Obair 3

Sgrìobh sgeidse ghoirid mu iasgairean no obair an iasgaich stèidhichte air an t-seòrsa beatha a tha ga sealltainn ann am Balaich an lasgaich.

'S dòcha gum faigh sibh cead on tidsear obrachadh ann an càraidean!





13. OBAIR-EALAIN

Tha gnìomhachasan cultarach agus ealain a' cur gu mòr ri eaconamaidh na Gàidhealtachd, agus tha mòran luchd-ealain a' fuireach ann, ag obair is a' dealbhadh.

Tha Ealasaid na neach-ealain ann an Eilean Stobaigh.
Èist ris an earrainn agus freagair na ceistean.

- a. Dè an ceangal a th' aig Ealasaid ri Stobaigh?
- b. Dè rinn Ealasaid ann an Dùn Dè? Thoir freagairt mionaideach.
- c. Dè nì Ealasaid sa mhadainn?
- d. Carson a tha Stobaigh glè mhath airson obair-ealain a nì Ealasaid?
- e. Ainmich dà rud a bhios Ealasaid a' reic on stiùidio aice.
- f. Tha an stiùidio dùinte sa gheamhradh.
Ciamar a tha i a' consadh airgead an uair sin?
- g. Dè thathar a' reic aig cafaidh Thormoid?



14. AR CÀNAN 'S AR CLÒ

Obair 1

Leugh an dàn Ar Cànan 's ar Clò
le Anna Frater à Eilean Leòdhais.

Bha bodach na mo bhaile
aig an robh beairt,
agus leis a' bheairt
dhèanadh e clò,
agus chaidh aodach
a dhèanamh den chlò,
agus bhiodh na daoine
a' cur orra 'n aodaich –
aodach tiugh trom a chumadh blàth iad.
Ach thàinig fear eile,
fear na b' òige,
fear nach buineadh don bhaile,
agus bha beairt ùr aige
agus snàth ùr –
dathan air an goid bhon bhogha-froise –
agus aodach tana, lom,
agus àlainn, ann am beachd nan daoine.
Chùm am bodach air
leis an t-seann bheairt
ach bha na daoine òga
a' fanaid air,
agus cheannaich iad uile
na beairtean ùra, agus thòisich iad a' dèanamh
nan clòitean ùra,
agus cha robh dragh aca
mu dheidhinn a' chlò
air beairt a' bhodaich.
Ach an dèidh ùine
thàinig an geamhradh
agus cha chumadh an t-aodach lom
le na snàithtean brèagha
agus na dathan soilleir
a-mach am fuachd,
agus cha robh feum
anns na beairtean ùra.
Lorg iad am bodach
agus chunnaic iad a' bheairt,
agus chunnaic iad an clò,
ach cha b' urrainn dhaibh
a' bheairt obrachadh,
oir bha i air fàs meirgeach
agus bha am bodach marbh.





Mineachadh

'S e Ar Cànan 's ar Clò aon de na pìosan bàrdachd as cliùitiche a chaidh a sgrìobhadh ann an Gàidhlig o chionn ceathrad bliadhna.

Tha an dàn seo air a sgrìobhadh mar aon earrann fhada. 'S e dàn ùr-nòsach a th' ann. Chan eil rannan traidiseanta no brisidhean eile ann. Tha cruth àraidh air a tha a' toirt buaidh air mar a leughas sinn e, 's e sin sreach de loidhnichean goirid le aon abairt anns gach loidhne.

Tha na loidhnichean goirid, coltach ri mar a tha daoine a' bruidhinn. Tha seo a' dol leis a' chànan shìmplidh, chòmhraiteach a tha air a chleachdad. Tha na loidhnichean cuideachd a' cruthachadh ruitheam làdir a tha a' ruith tron dàn air fad. Tha seo a' toirt oirnn cumail ga leughadh agus a' ceangal an dàin ri chèile bho thoiseach gu deireadh. Tha e a' cur an cuimhne an leughadair fuaim glagadaich na beairt-fhighe.

Tha na loidhnichean goirid a' tarraing ar n-aire gu gach puing fa leth agus cuideachd a' cur barrachd cuideim orra. Uaireannan, ge-tà, bidh Anna Frater a' cleachdad loidhne a tha nas fhaide nan àbhaist. Tha seo ri fhaicinn far a bheil rud a tha gu h-àraidh cudromach, mar 'aodach trom tiugh a chumadh blàth iad' agus 'dathan air an goid bhon bhogha-froise'. Tha seo coltach ris an t-seotal a bhios a' toirt an t-snàth tarsainn na beairt aig deireadh gach sreach.

Tha an dàn ag innse mu sheann duine a bha a' dèanamh aodach a bha làidir agus feumail, ach nach robh uabhasach fasanta, agus mu dhuine òg a thàinig dhan bhaile a dhèanamh aodach a bha tana 's nach cumadh am fuachd a-mach, ach a bha gu math na b' fhasanta, gu h-àraidh ann am beachd na h-òigridh. Chuir daoine an cùl ris an t-seann duine agus an t-seann aodach agus ghabh iad ri na rudan ùra.

Ged a dh'fhaodadh an seat ìomhaighean seo a bhith na shamhla air iomadh seòrsa suidheachaidh san latha an-diugh, tha e soilleir o thiotail na bàrdachd, 'Ar Cànan 's ar Clò', gur ann mu shuidheachadh na Gàidhlig a tha Frater a' bruidhinn. ('S e sluagh-ghairm a' Chomuinn Ghàidhealaich 'Ar Cànan 's ar Ceòl'.) Chuir daoine an cùl

ris a' Ghàidhlig, a' smaoineachadh gun robh a' Bheurla fada na b' fheàrr agus mus do thuig iad am mearachd, bha iad ro fhadalach. Tha Frater a' bualadh an leughadair eadar an dà shùil leis a' bheachd seo, ach gu dearbh tha e èifeachdach

Tha e doirbh a ràdh a bheil a' bhana-bhàrd an aghaidh na Beurla. Gu dearbh, tha i a' nochdadadh iomadh uair gu bheil an clò ùr àlainn, brèagha agus soilleir, mar sin tha i ag aideachadh gu bheil Beurla tarraingeach - ach aig an aon àm, tha i a' cantail gu bheil i tana, lom cuideachd.

Ann an dòigh, chan eil a' bhana-bhàrd a' cur sìos air a' Bheurla fhèin, ach orrasan a chuir an cùl ri Gàidhlig agus a thionndaidh air ais thuice agus e ro fhadalach. Bha a' Ghàidhlig aig cridhe na coimhearsnachd, agus nuair a dh'fhalbh i, cha robh cùisean idir mar a bha iad roimhe. Nam biodh iad air an aon urram a thoirt dhan Ghàidhlig 's a thug iad dhan Bheurla, bhiodh an dà chànan aca cho math, ach a-nis chan eil ach Beurla aca, agus tha iad nas miosa dheth.

(Air a tharraing bho Làrach nam Bàrd (air atharrachadh))





Obair 2

Às dèidh dhut a' bhàrdachd agus an earrann mìneachaidh a leughadh gu faiceallach, freagair na ceistean a leanas.

- Dè tha structar na bàrdachd a' feuchainn ri nochdad dhan leughadair?
- Dè an cruth a tha air a' bhàrdachd?
- Cò ris a tha na loidhnichean goirid coltach?
- Dè a' bhuaidh a tha aig na loidhnichean goirid?
- Dè th' ann an seotal?
- Dè a' phrìomh ìomhaigh a th' aig cridhe an dàin?
- Dè tha soilleir o thiotail na bàrdachd?
- Dè tha "a' bualadh an leughadair eadar an dà shùil" a' ciallachadh?



Obair 3

'S e obair chudromach a th' anns a' Chlò Hearach, no an Clò Mòr.

Coimhead air na bhidiothan aig bonn na duilleig agus dèan do rannsachadh fhèin air an obair seo.

Feuch ris na puingean a leanas fhaighinn a-mach.

- Càit am feum an Clò Hearach a bhith air a dhèanamh?
- Dè na riaghailtean air th' air cùl a' Chlò Hearaich?
- Cò ris a tha an Clò Hearach coltach?
- Lorg ceithir eisimpleirean far a bheil Clò Hearach air a chleachdad.
- Dè na buannachdan a tha na chois airson eaonamaidh nan Eileanan a-muigh?

https://learnngaelic.scot/watch/news.jsp?v=20130422_01 Taisbeanadh Ùr

https://learnngaelic.scot/watch/news.jsp?v=20160815_01 Fèis a' Chlò Hearaich

https://learnngaelic.scot/watch/news.jsp?v=20141222_01 Na Beairtean

<https://www.youtube.com/watch?v=MkQFDurkG10> National Geographic - An Clò Mòr (Beurla)

<https://www.harristweed.org>. Ùghdarris a' Chlò Hearaich

15. SANDRA MHOIREACH

'S e dealbhadair aodaich a th' ann an Sandra Mhoireach a choisinn cliù air feadh an t-saoghal.



Obair 1

Leugh an earrann seo agus freagair na ceistean.

Tha an sgeulachd agam a' tùiseachadh ann an 1951 sa cheann as fhaide tuath de dh'Innse Gall – àite ris an canar Port Nis ann an Eilean Leòdhais. Bha m' athair ri togail bhàtaichean – is tha fhathast – is bha mo mhàthair a' ruith gnìomhachas obair-fighe. Bha a' mhuiir, obair-ceàirde, còcaireachd is snàth, nithean a tha fuaithe ri beatha nan Eileanach, mar phàirt dhem bheatha bho aois glè òg.



Bha dachaigh shona againn. Cha robh telebhisean againn is bha sinn a' dèanamh ar cur-seachadan fhèin – a' cluich a-muigh air ar n-èideadh ann am fèlidhean is geansaidhean air an dèanamh le làimh aig an taigh.



Chaidh mi gu Sgoil Ealain Ghlaschu ann an 1970. Bha na h-òraidichean agam a' teagasg mu Mhichaelangelo is Rembrandt, ach bha mise air mo bheò-ghlacadh le uinneagan bhùithtean – mo cheann làn de Zandra Rhodes, Jean Muir is an leithid bho na seasgadan a' sealltainn dhuinn mar a ghabhadh rud dèanamh 's gun eagal aca ro dhuine.

An dèidh sin, għluais mi dhan Ghàidhealtachd, a dh'Inbhir Nis. An sin, bha mi nam dhealbhaiche-aodaich, nam chouturier 's nam neach-ceàirde a' gabail choimiseanan bho dhaoine. Bha mi a' sireadh slighe dhomh fhèin, ag ionnsachadh 's ag ionnsachadh fad an t-siubhail. 'S e bha gam iomain an gràdh a th' agam air furaigheal le làimh, an gràdh air measgachadh de dhathan brèagha is aodaichean sònraichte. Tha iad sin uile a' toirt aodaich a-steach gu raon eile.

Chuir mi seachad an ath thrithread bliadhna a' furaigheal le làimh aodaich a nithear an aon uair a-mhàin. Bha mi ag obair le aodach fighte sònraichte à Alba, às an Roinn Èòrpa is à iomadh dùthaich eile. Bha sanasachd ga dhèanamh le facial beòil is bha luchd-ceannach dileas a' tighinn chun an dorais agam.

Tha na ceithir bliadhna mu dheireadh air mo chuid obrach a thoirt gu

àitean cho fada air falbh ri New York is Tokyo. Tha mi air a bhith an sàs ann an taisbeanaidhean, coimiseanan, co-nbrachadh, tachartasan is duaisean, sàr-chlasaichean, ann an taisbeanaidhean fhasanan, prògram aithriseach air Tbh agus, nas tràithe air a' bhliadhna seo, chaidh urram MBE a bhualeachadh orm airson seirbheis do dh'fhasan 's do dh'aodach Alba. Tha sin gar toirt suas chun an latha an-diugh. Uill, ann an dòigh, tha is chan eil oir a-màireach thig smuaintean ùra, dùblain ùra is dealbhaidhean ùra. Bidh nithean rin dèanamh, bidh beachd-smuaintean rim feuchainn a-mach 's bidh fillidhean de dh'aodach rin cur còmhla. 'S e sgeulachd a th' ann de fhèin-fhiosrachadh, de bhith mothachail is de mhac-meanmna, sgeulachd air nach eil crìoch.

(Bho (<http://www.sandramurray.co.uk/gaelic/ansgeulachd-agam/> (air atharrachadh))



- a. Càit a bheil Port Nis? Thoir freagairt mhionaideach.
- b. Dè na h-obraichean a bha aig pàrantan Sandra?
- c. Minich an abairt 'fuaitte ri beatha nan Eileanach' nad fhaclan fhèin.
- d. Carson a thug an t-aodach a bha air Sandra nuair a bha i òg oirre a dhol an sàs ann am fasan, nad bheachd-sa?
- e. Dè beachd Sandra air dealbhadairean mar Zandra Rhodes is Jean Muir?
- f. Dè na rudan a bha ag iomain Sandra gu bhith a' dèanamh aodaich?
- g. Ciamar a fhuair daoine a-mach mu Shandra?
- h. Ainmich trì rudan anns an robh Sandra an sàs san obair aice o chionn fhada.
- i. Ciamar a tha Sandra ag innse dhan leughadair nach eil i deiseil leis a'chuairt-nbrach aice?



16. KIRSTEEN NIC DHÒMHNAILL



Obair 1

Leugh an earrann a leanas
agus freagair na ceistean a leanas.



'S ann tro mo sheanair, a rugadh agus a thogadh ann an Loch Ailleart, sgìre Mhùideirt, a fhuair mise eòlas an toiseach air a' Ghàidhlig. Chaidh m' fhoghlamachadh tron Ghàidhlig ann am Bun-sgoil a' Mheadhain agus Àrd-sgoil Alit a' Mhuilinn ann an Inbhir Nis. Rinn mi an uair sin Ceum (le urram) ann an Cànan agus Cultar na Gàidhlig.




Fad bhliadhnaichean a-nise, tha mi air a bhith ag obair aig a' BhBC, gu ìre mhòr an lùib obair naidheachdan, rud a bha gu mòr na amas dhomh bho bha mi gu math òg. Fhuair mi cuideachd, cothrom trèanaidh airson a bhith a' lìbhrigeadh tuairmse na h-aimsir – obair cho toinnte agus cho doirbh 's a rinn mi a-riamh! Tha an obair sin cuideachd air iomadach cothrom a thoirt dhomh ge-tà. An dà chuid a thaobh nan sgilean agam a leudachadh gu mòr, agus cuideachd a thaobh cothrom fhaighinn a bhith ag obair an lùib prògraman naidheachd a' BhBC, leithid 'An Là' agus 'Reporting Scotland'.

Chan urrainn dhomh innse cho taingeil 's a tha mi gun d' fhuair mi foghlam tron Ghàidhlig. Chan e a-mhàin gu bheil mi air cànan eile ionnsachadh. Tha mi air farsaingeachd de rudan a dhèanamh mu thràth tro mo bheatha obrach, ann an Gàidhlig agus Beurla agus na h-uimhir eile de chothroman taobh a-muigh an àite obrach. Chaidh mo thogail ann an dachaigh a bha gun Ghàidhlig; cha bu chòir idir gun cuireadh a leithid sin bacadh air duine sam bith.

- a. Cò às a thàinig a' chiad eòlas aig Kirsteen air a' Ghàidhlig?
- b. Càit an deach i dhan sgoil?
- c. Carson a tha e cudromach do Khirsteen gun robh i ag obair an lùib naidheachdan?
- d. Cò ris a tha a' lìbhrigeadh tuairmse na h-aimsir coltach am beachd Kirsteen?
- e. Dè nach urrainn Kirsteen a dhèanamh?
- f. Dè tha Kirsteen ag ràdh mu bhith a' fàs suas ann an dachaigh gun Ghàidhlig?

Obair 2

Coimhead air Kirsteen a' toirt thugainn fiosrachadh mun aimsir...
https://learnsgaelic.scot/watch/news.jsp?v=20141201_02



17. A' CHIAD OBAIR AIG FERGIE DÒMHNALLACH

Tha Fergie Dòmhnullach na neach-ciùil ainmeil, ach tha iomadh obair air a bhith aige. An seo, tha e a' bruidhinn air na h-obraichean a bha aige às dèidh dha an oilthigh fhàgail.



Èist ris an earrainn agus freagair na ceistean.

- Dè tha Fergie a' smaoineachadh a bhios daoine a' faireachdann mun chiad dhreuchd a bha aige mar *physiotherapist*?
- Càit an robh Fergie ag obair mus do rinn e co-dhùnadhad eadar teagascg is *physiotherapy*?
- Càit am biodh Fergie ag obair mar *physio* an toiseach?
- Dè tha "air an starsnaich agaibh fhèin" a' ciallachadh?
- Carson a bha an obair anns a' Ghearastan a' còrdadh ri Fergie?
- Ciamar a bha sgioba iomain a' Ghearsdain a' dèanamh nuair a thòisich Fergie gan coidseadh?
- Dè beachd Fergie air an trèanadh a bha na balaich iomain a' dèanamh roimhe?



18. NA GEAMAIREAN

'S e pios bàrdachd aoireil le Deòrsa mac Iain Deòrsa a tha seo far a bheil e na phoidsear agus tha e a' fanaid air na geamairean, na daoine a bhios ag obair airson na beatthaichean air oighreachdan a chumail o bhith air an goid le poidearan.



Obair 1

Leugh a' bhàrdachd agus na mìnichidhean airson gach rann. Bruidhnidh an tidsear mun bhàrdachd agus mu gheamairean agus an obair a bha/tha aca.

Na Geamairean

Mi sgìth a' siubhal garbhlaich
's na frasan na mo shùilean,
earb no boc chan fhaca mi,
ge fada mi am shiubhal;
nach olc an obair sealgaireachd,
air leacainn lom le gunna,
air allaban on mhadainn seo
gun srad a thoirt le m' fhùdar.

Ghabh mi sìos don lagan sin,
's tric tathaich nam fear ruadh ann,
b' e sin an ceum an-asgaidh dhomh,
oir earba fhèin cha d' fhuair mi;
chuartaich mi gach bealach
is gach glac, le sùil thar gualainn,
mun tigeadh orm na geamairean
sa cheathaich - sin bu chruidh leam.

O hì o hò na geamairean,
mo sheanmhair, gum b' fheàrr i,
ri siubhal slèibh is leacainnean,
ri faire air an fhàsaich;
air leam gur sibhs' na cailleachan,
chan ainmig rinn mi làmhach,
a-mach gu moch sa chamhanaich,
is sibhs' nur cadal sàmhach.

Bidh cromag ac' is gunnaichean,
is cù mòr busach grànda,
bidh prosbaig aig gach bùrraidh ac'.
's gun sùilean ac' nan ceann-sa
cho pròiseil iad ri prionnsaichean
's iad siubhal air a' chabhsair,
ach feuch a-nis 'ad measg nan stùc,
gur crùbach iad 's gur mall iad.

Rann 1 Tha am bàrd na phoidsear agus tha e a-muigh air a' mhòintich. Chan eil e air a bhith soirbheachail an laetha seo, "earb no boc chan fhaca mi", agus leis gu bheil "frasan" ann



Rann 2 Tha e a' dol às deòidh fiadh ann an lagan air a bheil e èòlach. Tha e a' cantail "fear ruadh" mun fhiadh, lomhaigh airson nam beatthaichean. Chan eil e a' faighinn càil agus mar sin chan rheum e fiadh marbh a ghùilan - "B' e sin an ceum an-asgaidh dhomh". Tha e a' gabhail dragh mu dheidhinn nan geamairean

Rann 3 Tha e a' tòiseachadh an ràinn le magadh mòr air na geamairean ag ràdh gum biadh a sheanmhair na b' fheàrr air siubhal air a' bheinn na iadsan. Tha e ag ràdh gur iadsan "na cailleachan" agus gu bheil e iomadh uair air brath a ghabhail orra nuair is iad nan leabaidh agus esan a-muigh air a' mhòintich

Rann 4 Tha sinn a' faighinn dealbh mì-chàilear de gheamair - tha na coin aca busach agus grànda. Chan eil am facial bùrraidh ubhásach snog. Tha e a' dèanamh coimeas eadar mar a tha na geamairean nuair a tha iad sa bhàile "cho pròiseil iad ri prionnsaichean/" s' iad siubhal air a' chabhsair" agus mar a tha iad air a' mhòintich a' dol as a dhèidh "crùbach" agus "mall".



Obair 2

Sgrìobh bàrdachd no sgeulachd ghoirid o shealladh geamair a tha a' dol às dèidh poidseir.

- a. Dè na beachdan a tha aige mun phoidsear?
- b. Dè nì e nuair a ghlacas e e?
- c. Dè an seòrsa sìde a th' ann?
- d. A bheil an obair a' còrdadh ris? Mura bheil, carson?



19. CĀNAN: OBAIR POSTAIR

Theid an tidsear thairis air na puingean gràmair a nochd anns an aonad gu ruige seo.



Obair 1

Ann am buidhnean no ann an càraidean, cruthaichibh postair no leasan a' mìneachadh puing càin a rinn thu san aonad seo. Feumaidh tu do phuing a mhìneachadh gu soilleir airson gum bi e furasta do sgoilearan eile d' obair agus do mhìneachadh a thuigsinn.

Ma tha thu ann an sgoil le foghlam Beurla ga theagasc cuideachd, 's dòcha gum faigh thu cothrom do phuing a theagasc do sgoilear gun Ghàidhlig.

Feuch gun tuig iadsan thu!



MEASADH A H-AON



Obair inntinneach

Dèan taisbeanadh goirid dhan chlas agad mu chuideigin as aithne dhut aig a bheil obair chudromach no obair inntinneach. Mura h-aithne dhut duine le leithid, tagh cuideigin ainmeil.

- Càit a bheil iad ag obair?
- Dè bhios iad a' dèanamh?
- Cuin a bhios iad a' tòiseachadh ag obair sa mhadainn?
- Dè an trèanadh a rinn iad?
- A bheil/An robh obraichean eile aca?
- Carson a tha an obair a' còrdadh riutha?

Dèan cinnteach gu bheil thu a' faighinn a-mach na Gàidhlig airson briathrachas sònraichte sam bith.

Bu chòir dhut a bhith air chomas bruidhinn airson 3 no 4 mionaidean, agus a bhith deiseil airson ceist no dhà a fhreagairt.



MEASADH A DHĀ



A' fàgail na dùthcha

Feumaidh tu an dùthaich agad fhàgail airson a dhol gu tìr eile airson airgead a chosnadh.

A-nis, sgrìobh litir dhachaigh às dèidh bliadhna thall-thairis.





Sgalagan Èireannach

Leugh a' bhàrdachd a leanas agus na mìnichidhean a tha nan cois mus freagair thu na ceistean.

Tha an dàn a' fosgladh le ìomhaigh den obair chruaidh a tha aig na sgalagan. Tha am facal sgrathach gu math mì-chàilear, a' toirt dhuinn ìomhaigh de thoman mòra de ghreabhal os an cionn. Tha seo a' dol leis an ìomhaigh "**an fhuidhill throm mheirgich**." 'S e fuidheall a th' ann an sgùdal a tha air fhàgail. Tha seo a' samhlachadh mar a tha an saoghal a' dèiligeadh ris na sgalagan.

Tha am facal "**bannal**" inntinneach, a chionn 's gu bheil dà chiall aige; ann an aon dòigh tha bannal a' ciallachadh buidheann de dhroch dhaoine, no droch chuideachd. Bhiodh seo freagarrach airson bruidhinn air na faireachdainnean a bhiodh aig mòran san sgìre mu dheidhinn buidheann de dh-Èireannaich a bhith air tighinn a-steach dhan sgìre. Air an dòigh eile, tha e a' ciallachadh cuideachd, "buidheann de bhoireannaich", agus mar a bhiodh na daoine mòra treun seo a' faireachdann ìseal mu dheidhinn a bhith nam fir, ag obair ann an suidheachadh cho dona.

Tha feum aig daoine às a' Ghàidhealtachd agus à Èirinn falbh às an àite aca fhèin fhathast airson teachd-a-steach a chosnadh dhan teaghach aca.

sgalagan èireannach (circa 1950)

san t-seann chruaidh shuas os cionn an taighe measg nan tom sgrathach de ghreabhal brisg, 's an fhuidhill throm mheirgich, bha bannal de sgalagan èireannach, nam bothain fuadain fiodha dhubha, a' labhairt ann an cànan nach tuiginn, seach am facal lom agus, nan conaltradh còmhlaín, ach riumsa, nam aodach sgoile, Beurla, bha coimheach dhuinn le chèile

iadsan air fhògairt saothrach, is mise ag ionndrainn a' mharaiche, m' athair

aonghas macneacail

Tha am facal **saothrach**, no **saothair**, nas làidire na dìreach obair/obrach, tha e a' ciallachadh obair chruaidh, chorporra. Tha am facal fògairt (no fògradh) nas cumhachdaiche buileach, oir tha e a' ciallachadh nach eil cead agad a dhol air ais dhad dhùthaich fhèin oir chaidh do chur aiste.

'S e neach a bhios a' dèanamh obair mì-chàilear, chruaidh a th' ann an **sgalag**. Bhiodh obair ann an cuaraidh coltach ris an t-seòrsa obrach a bhiodh luchd-obrach-imrich à Èirinn a' dèanamh. Bha na mìltean de luchd-obrach ag imrich a dh'Alba airson obair anns an naoidheamh linn deug is san fhicheadamh linn. Dh'fhuirich mòran agus dh'fhàg seo coimhearsnachd mhòr de dhaoine le ceangal ri Èirinn ann an Alba chun an latha an-diugh.

'S e cànan coltach ris a' Ghàidhlig a th' aig na sgalagan, Gàidhlig na h-Èireann. Thàinig a' mhòr-chuid de na h-Èireannaich ann an Alba à Tìr Chonaill, no Dùn nan Gall, agus 's e sgìrean a th annta a tha làidir airson Gàidhlig na h-Èireann a th' ann fhathast. Ged a tha Gàidhlig Thìr Chonnaill coltach ann an iomadh dòigh ri Gàidhlig na h-Alba, gu h-àraidh dualchainnt ìle, chan eil Aonghas sean gu leòr a airson a bhith a' tuigsinn càil ach am facal 'agus', ach tha seo a' toirt dha beagan ceangail riutha.

A' coimhead air ais air an t-suidheachadh le sealladh na h-aoise, tha MacNeacail a' samhlachadh Beurla, an cànan a bha "**coimheach**" dhan dithis aca, mar riochdachadh air an t-siostam eaconamach a thug air na h-Èireannaich agus athair a bhith a' falbh bhon dachaighean. Feumaidh iad falbh airson bith-beò a dhèanamh, chan eil roghainn aca. Tha MacNeacail a' leudachadh air mar a thug an sgoil Bheurla buaidh air anns an dàn fhada, **oideachadh ceart**.

- a. Càit a bheil am bàrd a' suidheachadh an dàin?
- b. Dè tha ag innse dhuinn nach e àite uabhasach tarraingeach a th' ann? Ainmich dà rud.
- c. Càit a bheil na sgalagan Èireannach a' fuireach?
- d. Saoil Carson a tha Aonghas ag ràdh ('riumsa, nam aodach sgoile') gu bheil Beurla coimheach dha?
- e. Dè an ceangal a tha Aonghas a' faicinn eadar e fhèin agus na h-Èireannaich aig an deireadh?
- f. Carson a tha na loidhnichean mu dheireadh fa leth, nad bheachd-sa?
- g. Dè mu dheidhinn mar a tha an dàn (agus ainm a' bhàird) air a sgrìobhadh a tha eadar-dhealaichte?





Balach a' Bhìobaill

Fad linntean, bha aig daoine ri bhith a' fàgail nan dachaigheanaca airson obair. Tha na Gàidheil air a dhol air feadh an t-saoghail airson obair a lorg agus tha iomadh neach air tighinn a dh'Alba à mòran dhùthchannan airson beòshlaint' a dhèanamh. Tha an earrann èisteachd agus a' bhàrdachd seo a' coimhead air daoine a dh'fheumadh na dachaigheanaca fhàgail airson obair.

Tha Pòl Moireach a' dèanamh treànadhar mar mhinistear san Eaglais Shaoir. Dh'fhàg e an obair agus an dachaigh aige ann an Leòdhas air sgàth a' chreideimh aige.

Èist ris an earrainn agus freagair na ceistean.

- a. Carson a tha na sgeilpichean ann an oifis Phòil rudeigin falamh?
- b. Càit a bheil Seminary Diadhaireachd na h-Eaglaise Saoire?
- c. Dè tha athair Phòil, Ailig, ag ràdh mu Phòil a bhith a' fàgail? Aimich dà rud.
- d. Dè tha am preasantair ag ràdh airson sealltainn gu bheil atharrachadh mòr a' tighinn air beatha Phòil agus a bhean Amanda.
- e. Carson a bha Pòl agus Amanda a' faireachdaiunn gun robh còir aige a dhol dhan t-seminary a dh'aindeoin cho cofhurtail 's a bha am beatha ann an Leòdhas còmhla?
- f. An do chuir co-dhùnadh Phòil iongnadh air Amanda?
- g. Dè am facial a bhios Pòl a' cleachdadhbhòil airson mar a bha Dia a' bruidhinn ris?
- h. Dè tha Amanda a' dol a dhèanamh fhad 's a tha Pòl air falbh?
- i. Dè beachd Phòil air cò ris a bhios beatha coltach mar oilleanach a-rithist?



FILEANTA



www.storlann.co.uk/fileanta